

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk * This is Litir 243.*

Chaidh comataidh a chur air chois ann an ochd ceud deug, seachdad 's a còig (1875) leis an amas Ceilteis a stèidheachadh mar chuspair oilthigh ann an Dùn Èideann fo stiùir proifeasair. Am measg nam ball, bha Iain Stiùbhart Blackie, Proifeasair na Greugais aig an dearbh oilthigh. 'S e Blackie, barrachd na duine sam bith eile, a sheas a-mach gu poblach air a' chùis.

Bha aca ri dusan mìle not a chruinneachadh agus, aig an toiseach, chaidh cùisean gu math leotha. Taobh a-staigh còig mìosan bha an treas cuid dhen airgead aca. Bha e a' tighinn bho iomadh ceàrn – à sliochd nan Gaidheal thall thairis, às uaislean na Gaidhealtachd fhèin, à buidhnean culturach is oifisean is clubaichean thall 's a-bhos.

Bhiodh an fheadhainn a bu bhochda a' cur stampaichean-puist chun na comataidh oir cha robh airgead gu leòr aca airson barrachd. Ach bha cuid ann, daoine beartach, a thug ceud not dhaibh – airgead mòr sna làithean ud. Agus nuair a chuala a' Bhàn-rìgh mun ghnothach bho Dhiùc is Bhandiùc Earra-Ghaidheal, thug i fhèin dà cheud not seachad.

Bha Blackie cianail trang anns a' Ghiblean is anns a' Chèitean. Thug e òraidean mun t-suidheachadh ann am Birmingham is Lunnainn, thill e a Dhùn Èideann airson àrd-sheanaidhean nan eaglaisean Clèireach, agus chaidh e air ais a Shasainn an uair sin, airson tuilleadh òraidean ann an Lunnainn is Oxford.

Bha e airson 's gum biodh a charaid Iain F. Caimbeul, no Iain Òg Ìle, mar a b' aithne do na Gaidheil e, na thagraiche airson na cathrach, oir bha e ainmeil mar sgoilear Gàidhlig agus fear-cruinneachaidh beul-aithris. Cha robh Iain air a shon, ge-tà. Sgrìobh e gu Blackie, ag innse stòiridh dha a chruinnich e, anns an do thachair an gaisgeach ri fear a bhiodh a' briseadh chlachan le bhith a' suidh orra. 'S e *Tònchruaidh* a chainte ris agus, eadhon nuair a dh'fheuch droch rìgh ri cur às don ghaisgeach le cathair anns an robh bior iarainn, bha ar caraid sàbhailte oir bha e air *Tònchruaidh* fhastadh, agus shuidh esan anns a' chathair roimhe. Bha Iain dhen bheachd gum biodh feum aig Proifeasair na Ceilteis air *Tònchruaidh* dha fhèin mus gabhadh e àite anns a' chathair aige, leis na bhiodh aige de nàimhdean!

Bha Blackie a-nise ainmeil air feadh an t-saoghail ach bha cuid ann nach aithneachadh an diofar eadar e fhèin is am Proifeasair Blaikie à Colaiste na h-Eaglaise Saoire. Nuair a bha Blaikie anns na Stàitean Aonaichte thàinig mòran ga ionnsaigh airson taing mhòr a thoirt dha airson Cathair na Ceilteis a chur air chois ann an Dùn Èideann. B' fheudar dha innse dhaibh nach b' esan an duine!

Chaidh an stòras de dh'airgead a bhathar a' cruinneachadh airson na cathrach a dhùnadh le còrr is ceithir mìle deug not ann, agus chaidh an dreuchd a stèidheachadh anns an Dùbhlachd, ochd ceud deug, ochdad 's a dhà (1882). 'S e Dòmhnall MacFhiongain à Colasa a fhuair i. Anns an dearbh bhliadhna sin, leig Blackie dheth a dhreuchd mar Phroifeasair na Greugais.

Chaochail Blackie ann an ochd ceud deug, naochad 's a còig (1895) agus bha seirbheistiodhlacaidh aige ann an Àrd-eaglais Ghill (no *St. Giles Cathedral*). B' e a' chiad duine a chuir teachdaireachd-bhròin ga ionnsaigh am Prìomhaire, am Morair Rosebery. Chuir esan blàth-fhleasg, a fhuair prìomh àite air a' chiste-laighe nuair a bha i air an rathad eadar an eaglais agus an cladh. Rinn na mìltean mòra caoidh air, agus thug iad urram do chuimhne air an rathad a Chladh Dean. Bha làn-fhios aca nach fhaiceadh Alba a leithid tuilleadh.

* * * * *

Faclan na seachdainne: sliochd: *descendants*; uaislean: *gentry*; stampaichean-puist: *postage stamps*; Ban-diùc Earra-Ghaidheal: *Duchess of Argyll*; Iain Òg Ìle: *John Francis Campbell*; nàimhdean: *enemies*; Colaiste na h-Eaglaise Saoire: *The Free Church College*; Colasa: *Colonsay*; teachdaireachd-bhròin: *message of condolence*; blàth-fhleasg: *wreath*; ciste-laighe: *coffin*; bad fraoich: *bunch of heather*; Cladh Dean: *Dean Cemetery*.

Abairtean na seachdainne: chaidh comataidh a chur air chois: *a committee was set up*; bha aca ri dusan mìle not a chruinneachadh: *they had to collect £12,000*; taobh a-staigh còig mìosan: *within 5 months*; bho iomadh ceàrn: *from many quarters, regions*; thall 's a-bhos: *here and there*; airson àrd-sheanaidhean nan eaglaisean Clèireach: *for the assemblies of the Presbyterian churches*; mar a b' aithne do na Gaidheil e: *as the Gaels knew him*; cha robh Iain air a shon: *John didn't want it [he wasn't for it]*; le cathair anns an robh bior iarainn: *with a chair in which was an iron spike*; bha e air Tònachruaidh fhastadh: *he had employed Hardbum (if you'll permit the inelegant translation of the name)*; nach aithneachadh an diofar eadar X is Y: *who couldn't recognise the difference between X and Y*; b' fheudar dha innse dhaibh nach b' esan an duine: *he had to tell them he wasn't the man*; chaidh an stòras a dhùnadh: *the collection [of money] was closed*; rinn na mìltean mòra caoidh air: *many mourned him*; thug iad urram do chuimhne: *they honoured his memory*; bha làn-fhios aca nach fhaiceadh Alba a leithid tuilleadh: *they fully knew that Scotland would not see his like again*.

Puing-ghràmar na seachdainne: anns an do thachair an gaisgeach ri fear a bhiodh a' briseadh chlachan le bhith a' suidh orra: *in which the hero met with a man who would break stones by sitting on them. You do understand, I hope, that clachan here means "stones" and does not have an alternative meaning which might bring tears to a man's eyes! Grammatically, I want to look at its lenition. It is here in the genitive (plural) case following the verbal noun a' briseadh. A genitive plural like this, without the article, is lenited eg chàraichean (of cars), dhorsan (of doors), mhiosan (of months). This lenition with the verbal noun is not universal – some people would ignore it, particularly where there is no article, using the nominative plural form (a' briseadh clachan), but it is still very common and is grammatically correct.*

Gnàths-cainnt na seachdainne: airgead mòr sna làithean ud: *a lot of money in those days*. Anns na làithean ud: *in those (distant) days*.

* "*Litir do Luchd-ionnsachaidh*" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig